



**Co-chomhairle air Measadh  
Buaidh na Margaidh le Ofcom air  
Moladh a' BhBC son Seirbheis  
Dhidseatach Ghàidhlig**

**Air fhoillseachadh:**

**16 Lunasdal 2007**



## Cumhachan Iomraidh

- 1.1 Tha am pàipear seo a' sealltainn nan cumhachan iomraidh son a' mheasaidh a tha Ofcom a' dèanamh air a' bhuidheann air a' mhargadh a bhios aig moladh a' BhBC son Seirbheis Dhidseatach Ghàidhlig (SDG) ùr.

### Ro-ràdh

- 1.2 Tha Cairt is Aonta Rìoghail a' BhBC, a thàinig gu buil gu laghail air 1 Faoilleach 2007, a' cur impidh air Urras a' BhBC Deuchainn Luach Poblach (DLP) a dhèanamh mus ruigear co-dhùnadh air atharrachadh sònraichte sam bith a dhèanamh air Seirbheisean Poblach na Rìoghachd Aonaichte. Tha an Deuchainn dà-fhillte – Measadh Luach Poblach (MLP) agus Measadh na Buaidh air a' Mhargadh (MBM).
- 1.3 Gus Measadh na Buaidh air a' Mhargadh a choileanadh tha Ofcom agus Urras a' BhBC air Buidheann Stiùiridh Co-phàirteach (BSC) a chur air chois eatarra. Tha am BSC air na cumhachan seo aontachadh son MBM na Seirbheis Dhidseatach Ghàidhlig. Ach 's ann air breithneachadh Ofcom a bhios na co-dhùnidhean subsainteach an crochadh.
- 1.4 Air a' chiad sealladh air a' mholadh a-thaobh SDG tha Ofcom den bheachd nach eil ceistean mòra dol a thighinn am barr. Mar sin tha Ofcom a' dèanamh co-chomhairle anns an dòigh shìmplidh a chithear anns na cumhachan iomraidh seo. Tha seo a' ciallachadh gun teid MBM a chriochnachadh nas luaithe na na trì mìosan àbhaisteach son iomairt mar seo.

### Gearr-chunntas air a' mholadh

- 1.5 Tha Ceannardan-Gnìomha a' BhBC agus Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig air aonta ruighinn mu cho-mhaoineachadh son na seirbheis dhidseatach Ghàidhlig – a' cleachdadh stuth on a' BhBC agus o chaohlachd riochdairean eile.
- 1.6 Tha Ceannardan-Gnìomha a' BhBC a' moladh sianal telebhisean Gàidhlig a chur air chois air am bi prògraman suas ri seachd uairean a thìde 's an latha (a' mhòr-chuid dhiubh, ach gun a bhith air an cuingealachadh ris a sin, anmoch feasgar agus air an fhionnairidh). Bhiodh uair gu leth gach latha de phrògraman ùra (prògraman a tha am BBC a' dèanamh an-dràsta nam measg), ath-chraoladh aithriseach agus prògraman as an tasg-lann. Dh'fhaodte an t-seirbheis Radio nan Gàidheal aig a' BhBC a chleachdadh mar sheirbheis chunbhalach nuair nach eilear a' sealltainn prògraman telebhisean. Cuideachd, bhiodh mòran a bharrachd de stuth Gàidhlig ri thairgse air [bbc.co.uk](http://bbc.co.uk).
- 1.7 Bhiodh an t-seirbheis de ghnè measgaichte – le naidheachdan làitheil agus an t-sìde 'na luib.
- 1.8 Theid, air a char is lugha, dàrna leth na maoin a tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a' toirt dhan t-seirbheis a chosg anns an roinn neo-eisimeileach. Thathar an dùil, ri tìde, gum bi suas ri dàrna leth nam prògraman nach buin do naidheachdan is cuisean-làithreach a' tighinn o riochdairean neo-eisimeileach, ma thig leasachadh le stèidh laidir anns an roinn sin. Theid ro-innleachd son stuth a chruthachadh a dhealbh an dèidh tuilleadh chòmhradh ri daoine aig a bheil ceangal ris a' gnìomhachas.

- 1.9 Ma theid an DLP a chrìochnachadh ro Nollaig agus aontachadh an dèidh sin le Urras a' BhBC, tha dùil gun tòisich an t-seirbheis ro dheireadh a' Mhàrt 2008.
- 1.10 Bhiodh an t-seirbheis ri faotainn an toiseach air saideal is bann-leathann agus air càbal didseatach nas fhaide air adhart ann a 2008. Chan fhaighear an t-seirbheis air telebhisean didseatach talmhaidh ach an Alba agus bidh seo a' tachairt nuair a theid tionndadh gu telebhisean didseatach a-mhàin.
- 1.11 An dèidh gluasad gu telebhisean didseatach a-mhàin, rachadh cur as den t-seirbheis Ghàidhlig a tha an-dràsta air BBC 2.
- 1.12 Leanadh am BBC agus Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig orra a' toirt phrògraman dhan t-sianal dhidseatach Ghàidhlig Tele-G fhad's a tha cead craolaidh aig Tele-G.
- 1.13 Bhiodh cead-craolaidh is riaghladh na seirbheis an urra ris a' BhBC, agus bhiodh i cuideachd fo riaghladh Ofcom chun na h-ìre 's a tha seirbheisean eile a' BhBC.
- 1.14 Tha am BBC am beachd an t-seirbheis a stiùireadh an co-bhanntachd ri Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, ged is e Bòrd-Stiùiridh a' BhBC ris am bi deagh-ghnè nam prògraman an urra.

## Amas

- 1.15 'Se rùn MBM measadh a dheanamh air a' bhuidh a bhios aig an t-seirbheis a thathar a' moladh air toraidhean is seirbheisean a bhios SDG a' gabhail os làimh 'nan àite no a bharrachd orra, agus air toraidhean is seirbheisean eile tha co-cheangailte. Dh'fhaodadh a' bhuidh aig an t-seirbheis a thathar a' moladh a bhith math (a' bhuidh a bhiodh aice air toradh no seirbheis co-cheangailte) no bhith dona (nam biodh i gabhail àite seirbheis no toradh eile).

## Modh-obrach

- 1.16 Theid MBM a choileanadh a-rèir dòigh-obrach a chaidh aontachadh eadar Urras a' BhBC agus Ofcom. An an co-rèir ri earrannan 2.14 agus 2.15 den phàipeir sin, is dòcha gum bi modh sìmplidh freagarrach, oir tha Ofcom den bheachd:
  - Nach bi buaidh mhòr aig a' mholadh air seirbheisean eile anns a' mhargadh; agus
  - Nach eil feum air rannsachadh margaidh mar phàirt de MBM.
- 1.17 Ach ma thogas freagairtean na co-chomhairle no tuilleadh sgrùdaidh le Ofcom ceistean neo cùraman mun an t-seirbheis a thathar a' moladh, feumaidh Ofcom beachdachadh a bheil modh-obrach sìmplidh fhathast freagarrach no am bheil feum air MBM slàn, rud a leudaicheadh an clàr-ama.

## Toradh

- 1.18 Bheir MBM beachd, agus far a bheil e comasach is riatanach, measadh àireamhail air a' bhuidh air na seirbheisean a theid a chomharrachadh. Faodaidh seo a bhith toirt a-steach na buaidh air riochdairean is feadhainn eile agus, aig a cheann thall, orrasan a bhios a' cleachdadh na seirbheis.
- 1.19 Faodaidh gum bi am measadh air cuid den a' bhuidh càileachdail seach àireamhail, ann a bhith tasgadh maoin mar eisimpleir. Bu chòir do dh'Ofcom, gu tà,

fiosrachadh a shireadh air a' bhuidh a bhiodh aig an t-seirbheis air na tha san amharc aig riochdairean an là-an-diugh (agus an latha-màireach, 's dòcha).

1.20 Faodaidh MBM sgrùdadh mothachail a dheanamh gus:

- Comharrachadh dè na pàirtean den t-seirbheis aig am bi buaidh làidir air a' mheasadh 's an fharsaingeachd; agus
- Ma bhios sin iomchaidh, atharraichean 's an t-seirbheis a chomharrachadh, a gheibh caoidhtas no lùghdaicheas a' bhuidh àraidh sin.

### **Co-eagrachadh eadar MBM agus MLP**

1.21 Bidh Ofcom agus urras a' BhBC a' sireadh a bhith co-eagrachadh mar a theid MBM agus MLP ullachadh, le bhith:

- A' roinn fiosrachaidh eatarra agus a co-obrachadh ann a bhith cruthachadh modailean margaidh far a bheil sin riatanach;
- A' feuchainn ri lùghdachadh a dheanamh air na cunnartan gun teid MBM agus MLP a stèidheachadh air fiosrachadh is barailean gun dearbhadh, nach gabh rèiteach aig àm ri teachd; agus
- A' strì gus deanamh cinnteach gu bheil MBM agus MLP a' gabhail ealla ris gach ceist a tha deatamach.

### **Comharrachadh toraidhean is sheirbheisean air am bi buaidh**

1.22 Bu chòir do dh'Ofcom beachdachadh air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig Seirbheis Dhidseatach Ghàidhlig air na toraidhean agus na seirbheisean seo:

- prògraman Gàidhlig telebhisean air an riochdachadh le neo-eisimeilich
- prògraman Gàidhlig eile air rèidio is telebhisean
- Gàidhlig ann an sgrìobhadh no air-loidhne
- seirbheisean foghlaim Gàidhlig
- seirbheisean telebhisean air an lionrà

1.23 Is dòcha nach eil an liosta seo iomlan. Faodaidh Ofcom a' bhuidh air toraidhean is seirbheisean eile a tha iad a' meas deatamach a rannsachadh ann a MBM, fhad's a tha am BSC ag aontachadh.

1.24 Bidh MBM a' comharrachadh nan seirbheisean a bhios an t-Seirbheis Dhidseatach Ghàidhlig a thathar a' moladh a' cur an àite no an co-bhuinn sheirbheisean eile (na "prìomh" sheirbheisean) a-bharrachd air seirbheisean co-cheangailte eile air am bi buaidh neo-dhìreach (na "dàrnacha" seirbheisean).

### **Clar-ama crìochnachaidh**

1.25 Feumaidh Ofcom MBM a libhrigeadh do dh'Urras a' BhBC ro 26 Sultain 2007. Tha dùil gun teid co-dhùnadh MBM an clò còmhla ri Measadh Luach Poblach Urras a' BhBC as t-Fhoghar 2007. Ach, ma tha freagairtean na co-chomhairle no tuilleadh

sgrùdaidh le Ofcom a' togail cheistean cudromach mun an t-seirbheis a thathar a' moladh, feumaidh Ofcom beachdachadh a bheil am modh-obrach sìmplidh fhathast freagarrach no am bheil feum air MBM iomlan, rud a shìneadh an clàr-ama.

- 1.26 Ma thachras dad ris nach eil dùil, no gum bi dàil ri linn nach eil fiosrachadh ri fhaotainn, is dòcha gun iarr Ofcom air BSC aontachadh ris a' chlàr-ama atharrachadh. Nan tachradh sin dh'fheumadh am BSC an reusanachadh agus an clàr-ama ùr son aithisg MBM a chrìochnachadh a dheanamh soilleir.
- 1.27 Chaidh seo aontachadh leis a' Bhuidheann Stiùiridh Cho-phàirteach air 14 Lùnasdal 2007.